

Do na h'abstoil 'ga'd' stiuireadh riamh :—  
 A bhi mar na nathraichen glic 's teoma,  
 'S mar na columnain neo-chronal sheimh.  
 Bha thu geur-rannsachail ann san fhirinn  
 'S do theagaisg tairnt' aisd gun sinal gun bheud.  
 'S salann grais air gach tra do'd' bhriathrain  
 Ga'n deanabh blasda do chail an treud.  
 'S nuair chaidh do lionadh a stor na neainhan  
 Le gliocas tuigse agus spiorad grais,  
 Bha thu gu fialaidh ga shir chompairtaicheadh  
 Chum sluagh a shaoradh o ghlaic a Bhais.  
 Bha thusa scalltain na'd' ghniomh 'sna'd' bheusan,  
 Gun lein thu Criosde 'sgach ceum san' fheoil.—  
 Gu robh thu ceanghailt' ris a spiorad na h'aontachd,  
 'S gu'm' b'iad a bhriathrain cainnt do bheoil :  
 Srinn' thu fiannis do'n' t'saoghal thrailleil  
 Le do throcair 's do ghaol robh mhor,  
 Gum b'e corp an t'Slanuighear bha thu a giulain,  
 'S gur ann na chrann—ceusaidh bu mho do ghloir.  
 'S ann sa chubad cha b'ann air paipeir  
 Bhidh do bhriathrain sgriobhtha sios ;  
 Ach bha thu leanmhuinn na h-earail naomha  
 Thuair na h'abstoil o maighsteir Ios' ;  
 'S mar sin cha'd' leanadh leat seol an t'saoghail,  
 Bhi cur do chainnt ann a'n ordan faoin,  
 Oir labhair thu mar a theagaisg Dia thu.

'S cha b'ann a'isreir teagaisg foghlum dhaoin' ;  
 'S bheidh a luchd eisdechd togta suas leat.  
 'S air an giulain air bharr do sgiath  
 A dhionsuidh sruthain nan uisce miles,  
 Tha sruthadh sheimh sios o chathair Dhia.  
 Bhidh do ghnuis mar a ghrian a dealradh,  
 'S do bhriathraigheibh miles toirt air do chloinn bhi fas—  
 O! bi t'aghaidh fior ghnuis a'n aingeal  
 A stri le durachd aig cathair grais.  
 Mar mheal teine bha thu do Israeil,  
 Ga stiuirrdh suas chum rioghachd na gloir.  
 A toirt dhoibh solus a re' na h'aidhche—  
 Sa dol tro'n fhasaich bu tu an treoir.